

Buidheann Thar-phàrtaidh air Gàidhlig

06 Dùbhlachd 2021 aig 18.30

Geàrr-chunntas

An làthair

Buill

Alasdair Allan, Cathraiche

Jenni Minto, BPA

Luchd-aogheachd le cuireadh

Calum Alasdair Friseal

Coinneach Moireasdan, Riaghaltas na h-Alba

DK Mac a' Phì, Comhairle Baile Ghlaschu

Dùghlas Ansdell, Riaghaltas na h-Alba

Eileen Dhòmhnallach, BBC

Eilidh Rothach, Pàrlamaid na h-Alba

Jane NicLeòid

Jennifer McHarrie, SQA

Joan Esson, Foghlam Alba

Magaidh Wentworth, Comunn nam Pàrant Nàiseanta

Marie Duke, Bòrd na Gàidhlig

Marina NicIomhair, Iomairt na h-Alba

Nicola Crook, Riaghaltas na h-Alba

Orla NicDhòmhnail, Bòrd na Gàidhlig

Sarah Buchanan, Riaghaltas na h-Alba

Stuart Pescodd, Riaghaltas na h-Alba

Wilson MacLeòid, Oilthigh Dhùn Èideann

Buill Buidhne nach eil nam Buill

Art MacCarmaig, Fèisean nan Gàidheal

Carole Henderson, Ball

Catriona Mhoireach, an Eaglais Shaor

DJ Mac an t-Saoir, OGE

Ealasaid Dhòmhnallach, MG ALBA

Matthew MacIomhair, OGE

Morag Anna NicLeòid Mitchell, Comhairle na Gàidhealtachd

Seumas Whannel, Bòrd na Gàidhlig

Shona NicIllinnein, Bòrd na Gàidhlig

Leisgeulan

Ariana Burgess, BPA

Dòmhnall MacNèill, Comann na Gàidhlig

Cllr Calum Rothach, Comhairle na Gàidhealtachd

Clàr-obrach, nì 1

Geàrr-chunntas na Coinneamh mu dheireadh: 25 Dàmhair 2021

Dh'aontaich Buill ris a' gheàrr-chunntas mar a chaidh a thaisbeanadh.

Clàr-obrach, nì 2

Toraidhean Suirbhidh Plana Nàiseanta nan Eilean (anns sa bheil luaidh air a' Ghàidhlig)

Thug Nicola Crook, Prìomh Oifigear Lìbhrigidh Plana Nàiseanta nan Eilean, agus Coinneach Moireasdan seachad gearr-chunntas mun deidhinn agus mun obair aca. Thug seachad gearr-chunntas air Achd nan Eilean a chaidh aontachadh ann an 2018.

B' e fear de na ciad ullachaidhean san Achd gu bheil dleastanas air Ministearan Plana Nàiseanta nan Eilean a chruthachadh, agus chaidh seo fhoillseachadh san Dùbhlachd 2019 às dèidh co-chomhairleachaidh.

Chaidh eacarsaich sgòpaidh a dhèanamh agus sheall seo gun robh beàrn ann an dàta sòisio-eaconamach às na h-Eileanan. Airson cuideachadh le bhith a' tomhas adhartas, chaidh suirbhidh Plana Nàiseanta nan Eilean a chruthachadh le Institiùd James Hutton.

Tha a bhith a' cruthachadh seata-dàta earbsach air feadh nan eilean ro-chudromach ann a bhith a' freagairt air duilgheadasan sna coimhearsnachdan seo. Tha seo cuideachd cudromach ann a bhith a' tomhas buaidh nan ceuman poileasaidh gus freagairt air na duilgheadasan.

Thug Nicola Crook iomradh air na modhan-eòlas a chaidh a' chleachdadh. Chaidh an suirbhidh do dhaoine anns na h-Eileanan agus chaidh an cuideachadh le comataidh comhairleachaidh le buill bho buidhnean iomchaidh. Chaidh an suirbhidh a ruith tron pandemic Covid-19 agus mar sin chaidh fhaighneachd air daoine freagairt air mar a bha cùisean ron Mhàrt 2020.

Bha an suirbhidh ri fhaighinn air-loidhne, air pàipear agus air a' fòn. Bha e ri fhaighinn sa Bheurla no sa Ghàidhlig. Chaidh an suirbhidh a chur gu 20,000 eileanach, nas sine na 18 ann an 76 eileanan. Fhreagair 22% den luchd-faighinn agus iad bho 59 eilean agus chaidh innse dhaibh gur e deagh thoradh a bha seo.

Dh'innis Coinneach Moireasdan dhan bhuidhinn gun robh pìos den t-suirbhidh a bha a' coimhead gu sònraichte air cànanan dùthchasach. Thàinig na h-àireamhan as motha de luchd-labhairt na Gàidhlig a fhreagair an suirbhidh à Uibhist is Barraigh. Chaidh seo a' leantainn le Leòdhais is na Hearadh, an uair sin na h-Eileanan Earra Ghàidheal. Thug e iomradh air na freagairtean a thug iad mu ciamar a tha iad a' faireachdainn as urrainn dhaibh Gàidhlig a chleachdadh sna coimhearsnachdan aca.

Chaidh a chlàradh le luchd-rannsachaidh gun robh an luchd-freagairt mar as àbhaist eadar 18 is 75 bliadhna dh'aois, chaidh a chlàradh gun robh pàtran eadar-dhealaichte ri fhaicinn ann an Eileanan Earra Ghàidheal agus san Eilean Sgitheanach gun robh barrachd dhaoine òga a bha a' tuigsinn na Gàidhlig, ach ann an Uibhist, Barraigh, Leòdhais agus na Hearadh nach robh na pàtranan seo cho soilleir. Thug Coinneach Moireasdan beachdan seachad airson cuid de na h-adhbharan airson seo ach cha robh dearbhadh air seo.

Thug Alasdair Allan barrachd fios seachad air na puingeann a thog e aig Comataidh far an robh e air ceistean a thogail. Bha Coinneach Moireasdan ag aontachadh leis na puingeann agus thug e taing do dh'Alasdair airson an togail tron fhòram sin.

Dh'fhaighnich Alasdair Allan dè na ceistean san t-suirbhidh a thug luaidh air a' Ghàidhlig. Dhearbh Coinneach Moireasdan gum biodh aige ri dol air ais dhan t-

suirbhidh airson seo. Bhiodh e toilichte barrachd fhios a' thoirt do dhaoine aig Coinneach.Morrison@gov.scot.

Thuir Nicola Crook nach robh aig a' chompanaidh a sgaoil an suirbhidh ach na seòlaidhean puist airson daoine suas gu 75 bliadhna a dh'aois agus mar sin gur dòcha nach d' fhuair cuid e. Bhiodh iad deònach an suirbhidh atharrachadh agus chuireadh iad fàilte air beachdan.

Dh'fhaighnich Mata MacIomhair an robh iad air smaoineachadh air na h-irisean ionadail a th' aig a' mhòr-chuid de choimhearsnachdan eileanach a dh'fhaodadh a bhith air an cleachdadh gus fios a chur gu barrachd dhaoine. Dhearbh Nicola Crook gun robh aca ri cumail gu dòighean a bha furasta luachadh agus gun robh aca ri smaoineachadh mu GDPR.

Chaidh fhaighneachd ciamar a thèid am fhiosrachadh seo a chleachdadh. Chaidh a dhearbhadh gun tèid a chleachdadh airson a bhith a' tomhas adhartas Plana Nàiseanta nan Eilean agus mar bhunait airson a bhith a' toirt a-steach no a' sealltainn gu bheil feum air poileasaidhean agus cosg airgead. Bu chòir dha a bhith fìor chudromach ann an ath-sgrùdadh a' phlana às dèidh 5 bliadhna.

Clàr-obrach, nì 3

Fios air Coinneamhan Poblach (Rinn Friù is Fìobha)

Tha Bòrd na Gàidhlig air a bhith a' coimhead air an Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig, a tha a' cur air adhart Foghlam Gàidhlig (FG) agus a bhith a' stèidheachadh solar ùr. Tha lèirmheas ga dhèanamh air an Stiùireadh agus mar phàirt de seo thathar a' coimhead air tòiseachadh phròiseactan ùra ann an ùghdarrasan ionadail, Fìobha agus Siorrachd Rinn Friù nam measg.

Mar phàirt den phròiseas, tha Bòrd na Gàidhlig, Comann nam Pàrant Nàiseanta agus oifigearan nan Comhairlean ann am Fìobha agus Siorrachd Rinn Friù air coinneamhan poblach a chur air dòigh leis an amas gum faigh iad an stairsneach de 5 cloinne air a bheil feum gus am pròiseas reachdail a thòiseachadh airson iarrtas a dhèanamh airson Foghlam tro Mheadhain na Gàidhlig a chur air bhog aig ìre na Bun-sgoile. Bha mu 30 daoine an làthair aig gach coinneamh, le mu 40 a' clàradh. Bha seo a' leantainn air iomairt shanasachd sna meadhanan ionadail agus sòisealta.

Tha Bòrd na Gàidhlig agus Comunn nam Pàrant a-nis ag obair còmhla airson coimhead air dè na h-àireamhan de chloinn ris a bheil iad an dùil sna bliadhnaichean ri thighinn. Thèid co-dhùnaidhean a dhèanamh gu math luath airson FtG a thoirt a-steach, a' crochadh air cia mheud teaghlach aig a bheil ùidh.

Chaidh iarrtas foirmeil a chur a-staigh le pàrantan airson Siorrachd Rinn Friù an Ear, leis gun robh 5 cloinne gus tòiseachadh ann am Bun-sgoil 1 ann an 2023 le ùidh sa

Ghàidhlig. Feumaidh a' Chomhairle freagairt leis na h-ath cheumannan ro 8mh Dùbhlachd 2021.

Dh'fhaighnich Alasdair Allan an robh fòcas air sgoiltean sònraichte anns na coimhearsnachdan seo. Dhearbh Seumas Whannel gun tèid coimhead air seo nas fhaide air adhart sa phròiseas agus thug e barrachd fios seachad mun pròiseas.

Clàr-obrach, nì 4

Iomairt na h-Alba

Thug Marina NicIomhair geàrr-chunntas seachad mu Iomairt na h-Alba. Thug i fios seachad mu mheud na buidhne (1100 luchd-obrach agus 49 oifisean) agus mun obair aca. Tha Scottish Development International agus Community Development Scotland mar phàirt den bhuidhinn is tha iad ag obair gu dlùth le Iomairt na Gàidhealtachd is Iomairt Alba gu Deas.

Mar phàirt de bhith a' crutachadh a' chiad Phlana Gàidhlig aca, rinn Iomairt na h-Alba co-chomhairle le luchd-obrach agus fhreagair 35% den luchd-obrach.

Thug i iomradh air na geallaidhean sa Phlana aca agus air mar thèid seo a thoirt a-staigh dhan obair aig Iomairt na h-Alba. Tha seo a' gabhail a-steach an lìonra GlobalScot agus ScotlandEuropa a bharrachd air ag obair gu dlùth le JIE

Tha am plana a-mach gu co-chomhairle gu deireadh na Dùbhlachd 2021 agus chuireadh Iomairt na h-Alba failte air beachdan sam bith.

Thog Mata MacIomhair cho toilichte 's a bha e gu bheil co-theacs Eòrpach ann oir tha e a' creidsinn gu bheil seo glè chudromach ann a bhith a' cur air adhart na Gàidhlig. Dhearbh Marina MacIomhair gu bheil iad deònach seo a' leasachadh aig ìre na cruinne gu lèir le bhith ag obair le buidhnean com-pàirt.

Clàr-obrach, nì 5

GISBE

Cha robh dad ann.

Clàr-obrach, nì 6

Ceann-là na h-Ath Choinneimh:

09/02/2022

Cross-Party Group on Gaelic

06 December 2021 at 18.30

Minute

Present

MSPs

Alasdair Allan, Chair

Jenny Minto, MP

Invited guests

Calum Alasdair Fraser

Coinneach Morrison, Scottish Government

DK MacPhee, Glasgow City Council

Douglas Ansdell, Scottish Government

Eileen MacDonald, BBC

Eilidh Munro, Scottish Parliament

Jane MacLeod

Jennifer McHarrie, SQA

Joan Esson, Education Scotland

Magaidh Wentworth, Comunn nam Pàrant Nàiseanta

Marie Duke, Bòrd na Gàidhlig

Marina MacIver, Scottish Enterprise

Nicola Crook, Scottish Government

Orla MacDonald, Bòrd na Gàidhlig

Sarah Buchanan, Scottish Government

Stuart Pescodd, Scottish Government

Wilson McLeod, University of Edinburgh

Non-MSP Group Members

Arthur Cormack, Fèisean nan Gàidheal

Carole Henderson, Member

Catriona Murray, Free Church

DJ MacIntyre, UHI

Ealasaid MacDonald, MG ALBA

Matthew MacIver, UHI

Morag Anna MacLeod Mitchell, Highland Council

Jim Whannel, Bòrd na Gàidhlig

Shona MacLennan, Bòrd na Gàidhlig

Apologies

Ariana Burgess, MSP

Donald MacNeil, Comann na Gàidhlig

Cllr Calum Munro, Highland Council

Agenda item 1

Minutes of Previous Meeting: 25 October 2021

Members approved the minute as it was presented.

Agenda item 2

National Islands Plan Survey Results (which allude to Gaelic)

Nicola Crook, National Islands Plan Delivery Lead, and Coinneach Morrison gave an introduction to themselves and their work. They gave a background on the National Islands Act which was passed in 2018.

One of the first provisions of the Act was a duty on Scottish Ministers to prepare a National Islands' Plan, this was published in December 2019 following consultation.

A scoping exercise was completed and this identified a lack of robust socio-economic data for the islands. To help measure progress, the National Island's Plan survey was created and carried out by the James Hutton Institute.

Building a reliable data set across the islands is key to addressing challenges faced by these communities and essential to measure the impact of policy measures taken to address these challenges.

Nicola Crook gave an overview of the methodology used. People in the islands were surveyed and they were helped by an advisory group with members from relevant organisations. The survey was done in the middle of the Covid-19 pandemic so people were asked to answer in relation to life before March 2020.

The survey was available online, on paper and by phone and was available through the medium of English or Gaelic. The survey was sent to 20,000 islanders, aged 18+ in 76 islands. There was an overall response rate of 22% from 59 islands which they were advised was a high return rate.

Coinneach Morrison told the group that there was a section specifically looking at indigenous languages. The highest number of Gaelic speakers who answered the survey were noted in Uist and Barra. This was followed by Lewis and Harris, then the Argyll Isles. He gave an overview of the answers of how they feel they can use Gaelic in their communities.

It was noted by researchers that the respondents were generally aged between 18-75, they noted that there was a noticeable pattern in the Argyll islands and Skye that there was a pattern of younger people saying that they understood Gaelic, but in Uist, Barra, Lewis and Harris these patterns were less pronounced. Coinneach Morrison suggested some reasons for this but these could not be proven.

Alasdair Allan clarified his points from the Committee where he had raised questions. Coinneach Morrison was in agreement with the points raised and thanked Alasdair Allan for raising them in that forum.

Alasdair Allan asked what the questions in the survey relating to Gaelic were. Coinneach Morrison confirmed that he would need to refer back to the survey. He would be happy to give more information at Coinneach.Morrison@gov.scot.

Nicola Crook pointed out that the company who sent the survey only held postcodes for people up to 75 years old so the survey may not have reached as many people as it could have. They are very open to adapting the survey and would welcome input for this.

Matthew MacIver asked if any thought had been given to the fact that most island communities have local magazines etc and these could have been used to contact more people. Nicola Crook confirmed it was important to keep it in a way that they can evaluate and to take GDPR into consideration.

It was asked how this information will be used. It was confirmed that this will be used to measure the progress of the National Islands' Plan and be a basis on which to introduce or justify policy and spend. It should also be critical in the reviewing of the Plan after 5 years.

Agenda item 3

Update on Public Meetings (Renfrew and Fife)

Bòrd na Gàidhlig embarked on looking at the Statutory Guidance on Gaelic Education, which promotes Gaelic Education (GE) and setting up of new provision. A review is being done on the Guidance and part of this review involves initiating projects in local authorities, including Fife and Renfrewshire.

As part of this process, Comunn nam Pàrant, the Bòrd, along with council officers in Fife and Renfrewshire have set up public meetings in these communities with the aim of initiating the 5 child threshold needed to begin the statutory process to request Gaelic Medium Primary Education. Around 30 people attended each meeting, with around 40 registering. This following a marketing campaign using local and social media.

Bòrd na Gàidhlig and Comunn nam Pàrant are now working together to look at what the number of children might be that are interested in GME in these areas in the coming years. Decisions will be made very quickly on the introduction of GME depending on the number of interested families.

A formal application for provision in East Renfrewshire has now been launched by parents, as 5 children due to start Primary 1 in 2023 are interested. The Council must respond by 8th December 2021 on next steps.

Alasdair Allan asked if there was a focus on specific schools in these areas. Jim Whannel confirmed that this will be looked at further in the process and gave some more information on the process.

Agenda item 4

Scottish Enterprise

Marina MacIver gave an introduction to Scottish Enterprise. She provided information on the size of their organisation (1100 staff and 49 locations) and their work. Scottish Development International and Community Development Scotland are part of the organisation, and they work closely with Highlands & Islands Enterprise and South of Scotland Enterprise.

As part of the development of their first Gaelic Language Plan, Scottish Enterprise completed a staff consultation and this had a 35% engagement rate.

She gave an overview of the commitments in their Gaelic Language Plan and how these will be incorporated into the work of Scottish Enterprise. This includes the GlobalScot network and ScotlandEuropa as well as close collaboration with HIE.

The plan is out to consultation until the end of December 2021 and Scottish Enterprise would appreciate any input.

Matthew MacIver was delighted that there was a European context as he believes that this is important to promote Gaelic. Marina MacIver confirmed that they are keen to try to develop this worldwide as they work with key partners

Agenda item 5

AOCB

Nothing to note.

Agenda item 6

Date of Next Meeting:

09/02/2022